SABHAL MÒR OSTAIG
Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

TUAIRISGEUL OBRACH

TIOTAL OBRACH	Neach-gleidhidh
ROINN	Oighreachd is Seirbheisean (Leasachadh)
AN URRA RI	Ceannard Oighreachdan is Sheirbheisean
SGÈILE TUARASTAIL	G1 (05-07) £21,142 - £21,743 + flat le 2 sheòmar-cadail air àrainn na Colaiste
ÀITE-OBRACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

Geàrr-iomradh na dreuchd

Tha uallach air neach-gleidhidh airson àrainn chòmhnaidh shàbhailte is dhìonta a lìbhrigeadh do dh'oileanaich is luchd-tadhail na Colaiste. 'S e an neach-gleidhidh a' chiad neach ris am bruidhinn oileanaich is luchd-tadhail is a bheir cuideachadh seachad taobh a-muigh uairean oifis. Cumaidh an neach-gleidhidh taic ri oileanaich a tha a' leasachadh an cuid Gàidhlig air an àrainn bhogaidh againn. Am measg dhleastanasan eile, feumar dèanamh cinnteach gu bheil togalaichean na Colaiste glaiste is dìonta aig deireadh gach latha is gu bheilear a' cumail ri poileasaidhean slàinte is sàbhailteachd agus feumar dèiligeadh ri suidheachadh èiginn sam bith a dh'èireas taobh a-muigh uairean oifis, leithid modh falamhachaidh ri linn teine no èiginn slàinte. Cumaidh an neach-gleidhidh taic ri sgioba càraidh na Colaiste le dleastanasan càraidh bunaiteach mar a bhios feum.

Uairean-obrach

35 uairean gach seachdain.
Tha dà sheòrsa dleastanas obrach ann – "ri dleastanas" is "air ghairm". Tha e mar fhiachaibh a bhith "ri dleastanas" fad 7 uairean gach latha agus "air ghairm" eadar 5f is 7m a rèir a' chlàir-obrach. Thèid uairean-obrach "ri dleastanas" a rèiteachadh leis a' Cheannard Oighreachdan is Sheirbheisean. Bidh thu ag obair gach dàrna deireadh-seachdain.

Bu chòir gum bi an neach-gleidhidh air an làraich, nuair a tha thu ag obair, ach ma tha thu far na làraich air sgàth dleastanas obrach. Nuair a tha thu "air ghairm", faodaidh tu a bhith fad 10 mionaidean air falbh bhon Cholaiste ach gun a bhith nas fhaide na trì mìle air falbh.

Bidh an neach-gleidhidh a' fuireach air an làraich ann am flat dà sheòmair a th' air a thoirt seachad an cois na dreuchd.

Prìomh dhleastanasan

- A bhith "ri dleastanas" air an làraich tro uairean-obrach sònraichte
- A bhith "air ghairm" tro uairean sònraichte

SABHAL MÒR OSTAIG
Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

TUAIRISGEUL OBRACH

- Mar a' chiad neach ris am bruidhinn aoighean air an làraich taobh a-muigh uairean oifis is aig an deireadh-sheachdain
- A' toirt seachad taic cùraim taobh a-muigh uairean oifis do dh'oileanaich a tha a' fuireach air an làraich
- A' freagairt ri cùisean cùraim èiginneach taobh a-muigh uairean-oifis, a' gabhail ris a' chomhairle iomchaidh agus a' dèanamh ceangal le seirbheisean oileanach mar a bhios feum
- A' neartachadh àrainn bogadh cànain airson Gàidhlig a bhrosnachadh le oileanaich is aoighean
- A' dèiligeadh le cùis èiginneach sam bith, mar eisimpleir, rabhadh teine no modh falamhachaidh ri linn teine
- A' dearbhadh gu bheil riaghailtean colaiste is àite-fuirich gan cur an sàs mar bu chòir is gu bheilear a' cumail ri poileasaidh na Colaiste air gach cùis co-cheangailte ri giùlan oileanach
- A bhith moiteil às do dhreuchd is a' Cholaiste, a' sònrachadh obair leasachaidh sam bith a tha a dhìth is ag aithris air cùisean mar as iomchaidh
- A' toirt seachad ciad chobhair do dh'oileanaich, luchd-obrach is aoighean mar as iomchaidh
- A' draibheadh carbad no meanbh-bhus na Colaiste mar as iomchaidh
- A' fàgail togalaichean na Colaiste tèarainte nuair a tha thu ag obair
- A' lìbhrigeadh siostam puist na Colaiste eadar na togalaichean air an àrainn
- A' cumail taic ris an sgioba chàraidh le dleastanasan càraidh bunaiteach a leithid atharrachadh bholgan solais, ath-chuairteachadh is eile agus a' rèiteachadh sheòmraichean airson cho-labhairtean is choinneamhan agus aig an deireadh-sheachdain nuair a tha thu ri dleastanas
- A' cur ris agus a' cumail clàr an sgioba chàraidh fo sgrùd
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri poileasaidhean is modhan-obrach Slàinte is Sàbhailteachd na Colaiste mar as iomchaidh
- A' com-pàirteachadh le Ceannardan Oighreachd is Sheirbheisean, Aoigheachd is Sheirbheisean Oileanach air cùisean a thaobh stiùireadh àiteachan-fuirich no cùisean oileanach
- A' frithealadh trèanadh a tha riatanach airson na dreuchd a leithid Ciad-chobhair Èiginneach san àite-obrach is Ciad-chobhair Slàinte-inntinn is a' dèanamh cinnteach gu bheil an trèanadh air a ghleidheadh agus ga ùrachadh
- A' dèanamh dhleastanasan rianachd mar as iomchaidh.

Sònrachadh pearsa

	Riatanach	Na bhuannachd
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta no obrach		Trèanadh Ciad-chobhair Trèanadh Ciad-chobhair Slàinte-inntinn
Eòlas is sgilean	Fileanta sa Ghàidhlig labhairtich Sàr sgilean conaltraidh le measgachadh de dhaoine	Eòlas air laghan slàinte is sàbhailteachd

SABHAL MÒR OSTAIG
Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

TUAIRISGEUL OBRACH

	’S urrainn dhut obrachadh gun stiùireadh ’S urrainn dhut obrachadh an lùib sgioba ’S urrainn dhut planadh is eagrachadh ’S urrainn dhut prìomhachas a chur air diofar dhleastanasan Mothachail is eòlach air Co-ionnanachd is Iomadachd ’S urrainn dhut dèiligeadh ri cùisean pearsanta ann an dòigh fhreagarrach	
Eòlas	’S urrainn dhut còmhstri a rèiteachadh gu h-èifeachdach Cead-draibhidh slàn	

Uairean gach seachdain
35 uairean gach seachdain ri dleastanas agus air ghairm eadar 5f is 7m is tu air a’ chlàr-obrach. Bidh thu ag obair gach dàrna deireadh-seachdain.

Còir air Làithean-saora Bliadhnail
35 làithean sa bhliadhna agus làithean-saora poblach nam measg. Feumaidh tu cuid den chuibhreann làithean-saora agad a chosg nuair a tha a’ Cholaiste dùinte aig àm na Nollaig.

Sgèile Tuarastail:
£21142 - £21743.
Tha tuarastalan pàighte nad chunntas-banca air an latha obrach mu dheireadh den mhìos.

Tha sgeama peinnsein na Colaiste fosgailte don a h-uile neach-obrach.

Bidh luachadh bliadhnail aig a h-uile duine le neach-stiùiridh no manaidsear is sinn a’ sònrachadh trèanadh is leasachadh pearsanta a h-uile neach-obrach gus an cùm sinn ris na h-ìrean seirbheis as àirde.